

## Harris Fishing Heritage Project 2007

### Interview with Donald MacKay (DMK), Scalpay

#### (Original Transcript in Gaelic)

**NB:**

...denotes pauses in speech

[...] denotes text which has been edited out

JMD: *Seo Jo NicDhòmhnaill a' bruidhinn ri Dòmhnall MacAoidh ann an Sgalpaigh air an t-seachdamh latha dhan Lùnastal 2007. Tha sinn gu bhith bruidhinn mun iasgach. Tha eòlas agaibh fhèin mun iasgach a Dhòmhnaill?*

DMK: Bha mi an toiseach ag iasgach a' ghiomaich nuair a dh'fhàg mi an sgoil.

*Bheil e mì-mhodhail dhomh faighneachd dè an aois a tha sibh fhèin?*

Tha mi seachad air 74.

*Chan eil sibh a' coimhead sin matha! An do thòisich sibh ag iasgach nuair a bha sibh a-mach às an sgoil?*

Mus do dh'fhàg mi an sgoil. Bhiomaid a' dol a-mach chun a' ghiomaich às dèidh na sgoile. Bha an giomach pailt an uair sin.

*Dè a' chiad eathar air an robh sibh?*

Uill, bha eathar againn fhèin agus 's e am *Boy Fred* a bh' oirre agus sin far an do thòisich sinne. A-nis bha tèile againn – 's e còpalla a bh' ann agus bhithinn fhèin 's mo bhràthair a' dol a-mach leatha dìreach timcheall mu na còrnairean. Och bha sinn a' dèanamh *alright*.

*An robh an t-iasgach anns an teaghlach?*

O bha. Bha m'athair a' seòladh agus bha mi fhèin a' seòladh dreis mhath ach thàinig mi air ais chun an iasgach. Bha e anns an fhuil agus dh'fheumadh tu tighinn air ais.

*'S ann air a' ghiomach a thòisich sibh?*

Air a' ghiomach, 's ann. Bha 'd an uair sin gan cur ann an cisteachan-teatha a bhiodh aca. Bhiodh iad gan gearradh 's gan lionadh 's a' cur fraoch orra, no arbhar 's bha 'd a' pacaigeadh sin 's gan cur gu *Billingsgate*.

*Bhiodh iad tioram?*

O mar bu tiorama e 's ann a b'fheàrr e. Fhad's nach faigheadh an aidhear thuca. [...] Uaireannan bhiodh àsan ag ràdh gun robh iad marbh 's gun iad marbh idir ach dh'fheumadh tu dìreach am facal fhèin a ghabhail air a sin.

*Agus dè an ùine a mhaireadh iad?*

Bheireadh iad dreis mhath a' dol gu *Billingsgate*. Bheireadh iad làithean, bheireadh. Ach, fhad's a bhiodh iad tioram gun an aidhear faighinn thuca mhaireadh iad deagh dhreis... mhaireadh. Bhiodh iad ann a sheo a' cur nan crùbagan ann an smùr na mòna 's bhiodh iad ann làithean... fhad's nach tioramaicheadh an druim aca tha thu *alright*. [...] Bha 'd an uair sin a' dol gu *Baxter* 's dè an fheadhainn eile? Och bha a dhà no trì a' ceannach an uair sin. *George Rush*... sin feadhainn eile a bh' ann am *Billingsgate*. [...]

*Ciamar a bhiodh iad a' falbh gu ruige Billingsgate?*

Bhiodh iad a' falbh air an Lochmòr sìos dhan a' Chaol. Bhiodh an uair sin na h-eathraichean beaga a' dol chun an Lochmòr 's gan cur air bòrd. Siud mar a bhiodh iad a' falbh. Ach bha an uair sin... a' chuid a bu mhotha dha na h-eathraichean 's e dà fhichead cliabh a bha 'd ag obair. Bha sin fhèin gan cumail. Gu math tric 's ann air an 20<sup>th</sup> *August* a bhiodh aid a' tòiseachdainn air a' ghiomach. Sin an *date* an-còmhnaidh a bhiodh iad a' tòiseachadh 's bhiodh iad an uair sin ag obair dreis dhan a' gheamhradh gus an cuireadh an droch thìde a-steach iad.

*Cuin a b'fheàrr a bha a' phrìs air a' ghiomach?*

O 's ann mun a' *Christmas*. Sin agad nuair a bha a' charaidh math fhios agad. Bha sinn gan stòradh suas chun a' bhliadhn' ùir. Bha sinn gan cur air falbh an uair sin. O, bha thu a' dùblachadh d' airgead an uair sin. Ach an fheadhainn a bh' ann romhamsa 's ann aig a' ghiomach a bha 'd riamh. Cha do rinn iad càil ach an giomach. 'S an sgadan uaireannan. Bhiodh iad sin a' dol a Leòdhas agus *all over* fhios agad. Bha 'd a' cadal anns an eathar. O bha 'd sin ainmeil aig a' ghiomach.

*Dè an ùine a bha sibh air a' Bhoy Fred?*

Thàinig an uair sin eathar eile... am *Maria*... thàinig i à Cluaidh agus thàinig mise an uair sin às a sin chun an sgadain a' chiad bhliadhna a thàinig i ann a sheo. 'S ann leis na driffts a bha sinn [...]

*An ann leibh fhèin a bha an t-eathar sin?*

Chan ann, chan ann. Bha mi innte dìreach na mo ghibearlan beag! [...] Bha mi dà shèasan innte sin.

*Dè an seòrsa eathar a bh' innte sin?*

O tè dha na ringers a bha ag obair air a' *Chlyde* shìos. Ach bha i sin mu dheireadh na *passenger-boat* ann a sheo mus tàinig am *ferry*. Sin an obair a bh' aice an uair sin. Bha sinn aig an sgadan leatha agus aig an lion mhòr ag obair air an trosg a-mach à Loch nam Madadh. Bha an trosg an uair sin... bhiodh an toll againn letheach le trosg. Tha gnothaichean air atharrachadh an-diugh.

*Dè an fhaid a bha sa Mharia?*

Bha faisg air leth-cheud innte tha mi creidsinn. O bha i fada. 'S e glè bheag dha na ringer s a bh ann an uair ud. [...]

*An ann dìreach a' cur lìon a-mach a bha sibh?*

O dìreach a' cur drifts... 's dòcha gum biodh dà fhicead lìon agad air an drift.

*'S ann airson an sgadain a bha sin?*

'S ann. Ach, dhùin seo...dhùin an sgadan 's chan fhaigheadh tu lìon a chur gu muir idir. Thug e dà bhliadhna dùinte ach nuair a dh'fhosgail e an uair sin bha an sgadan an dèidh tighinn air ais ann a sheo.

*An e seo an quota a chaidh a chur air?*

O chan e. Dhùin iad an uair ud e. Bha e air fàs cho gann co-dhiù agus dhùin iad e. Tha dreis bhon uair sin...tha mi creidsinn gu bheil fichead bliadhna air ais no barrachd. [...] Chan fhaigheadh tu lìon a chur air muir idir...chan fhaigheadh. Dh'fhosgail iad an uair sin e agus o bhròinein bha sgadan ann a bha *beautiful*.

*An robh?*

O bha. Fhuair mise dà fhichead lìon às Èirinn agus fhuair sinn eathar... 's e a' *Hopeful* a bh' oirre. 'S ann airson na drifts a bha i. Bha sinn a-muigh leatha sin an uair sin. Cha robh oidhche nach robh sinn a' faighinn deugnachadh a chrainn. Cha robh againn ach sia no seachd a lin... 's bha prisean an uair sin dìreach sgoinneil.

*Cò bh' oirre sin?*

Cha robh ach mar a thigeadh iad. Duine sam bith a bha airson a dhol a-mach. Bha mi fhèin 's am balach agam innte. Bha e còmhla rium fad an t-siubhail. Tha cuimhn' 'am...bhris i sìos oirnn agus chaidh sinn a-mach. Bha tèile againn 's e am *Pine* a bh' oirre. 'S ann à Srannda a fhuair sinn i. Nuair a thàinig mi dhachaigh bhon t-seòladh fhuair mi ann an Srannda i. Rinn mi fhèin suas i...bha an t-einnsean oirre mar-thà. Bha i againn aig an drìoft agus fhuair sinn còig crainn sgadain an oidhche sin 's fhuair sinn...tha mi smaoinichadh gur e *world record* a bh' ann...£86 airson bogsa sgadain.

*£86 airson bogsa sgadain?*

Seadh. Fhuair sinn sin airson na bh' ann air fad.

*Bha sin mìorbhaileach!*

Mìorbhaileach! Bhe e duilich a chreidsinn dìreach. Ach bha daoine cho *desperate* an uair sin airson sgadan fhaighinn ged a phàigheadh iad.

*Agus co mheud bogsa a th' ann an crann?*

Ceithir. Ceithir basgaidean matha...sin an crann. Cha robh againn ach seachd lìn a-muigh. Fhuair sinn...bha mise a' faighinn fichead crann ann an seachd lìn. 'S e *shot* dha-rìreabh a bha sin.

*'S cuin a bha sibh aig muir a' seòladh?*

Chaidh mise sheòladh ann a '51 cha chreid mi.

*Cà robh sibh a' seòladh?*

O chaidh mi timcheall an t-saoghail a dhà no trì throipean.

*Dè am bàta air an robh sibh?*

O bha air aon deugnachadh math. Faisg air fichead tha mi creidsinn.

*An ann sa MERCHANT Navy a bha sibh?*

'S ann. Bha mi dreis air *troop ship* a' ruith a *Khorea* [...] Chaidh mi an uair sin air a' *Bhen Line*...'s ann dhan a' *Far East* a bha sin cuideachd. [...]

*Dè an t-àite a b'fheàrr a chunnaic sibh riamh?*

Uill an t-àite a bu shnoige a chunnaic mi riamh 's e *Vancouver Island*. Cha mhòr nach do leum mi am bàta ann a shin. [...] Bha an t-iasgach ann a shin cuideachd. 'S e an aon *idea* a bh' aca 's a bh' aca ann a sheo leis a' ringnet. Bha 'd a' dùnadh an lìn 's am breac a sin...bha e ann mar an cabhadh.

[...]

*Co mheud bliadhna a chuir sibh seachad a' seòladh?*

O...trì bliadhn' deug. Phòs mi ann an Glaschu 's bha mi an uair sin ag obair eadar Èirinn agus Glaschu...[...]

An uair sin thog sinn bàta ùr...bha Coinneach na sgiobair oirre...a *Village Maid*. [...] Thog sinn sin ann an Giorbhan agus bha sinn aig a' ringnet leatha sin agus aig na scallops. Ach sin an rud a rinn feum do Sgalpaigh...a *Highland Development Board*. Mura biodh sin chan eil fhios agamsa...rinn e feum dha na h-Eileanan an Iar air fad.

*Agus an e gun robh iad a' toirt taic airgid?*

O bha. Chan eil fhios 'am an e mu 10 eathraichean a bh' ann a sheo...'s ann bhon an *Development Board* a bha...Gheibheadh tu grant bhon *Highland Development Board* agus gheibheadh tu loan bhon a *Herring Industry Board*.

*Agus leis an dà rud bha e comasach dhuibh eathar a cheannach dhuibh fhèin?*

O bha. Rinn e feum ann a sheo. A' chuid as motha dha na h-iasgairean ann a sheo 's ann san Eilean Sgitheanach a bha 'd ag iasgach gus an tàinig a' *Highland Development Board*.

*'S an uair sin chaidh aca air eathraichean a cheannach?*

Aidh. Chaidh an togail ùr air fad.

*Cuin a cheannaich sibhse an t-eathar?*

1971.

*Dè an t-ainm a bh'oirre a-rithist?*

*A Village Maid.*

*Dè an fhaid a bh' innte?*

Dìreach goirid air a *sixty*.

*An e ringnet a bh' innte?*

Ringnet... 's e. Uill bha i aig an *trawl* cuideachd 's aig a' mhidwater. Bha i *dual-purpose* fhios agad.

*Dè a-nis a bha sa mhidwater?*

Bha thu a' trawladh mid-water. Cha robh thu a' dol chun a' ghrunnd idir. 'S ann airson an sgadain no an rionnaich...chitheadh tu an spot air an *echo sounder* agus bheireadh tu an lion a rèir sin. Bha thu a' toirt dhi a rèir 's mar a bha an spot fhios agad.

*Agus an robh an ringet a' dol na bu doimhne?*

O bha thu a' toirt leat a' ghrunnd. Tha thu dìreach a' dèanamh *circle* 's bha an tèile a' togail a' cheann eile 's bha an aon lion a dol dhan an aon eathar an uair sin. Bha an dà chriutha a' tighinn dhan an aon eathar an uair sin.

*Agus an robh feum agaibh air dà eathar airson a' mhidwater cuideachd?*

O bha airson a tòbhadh. Bha iad ag obair ann am paidhirichean riamh. Rinn an *Development Board* feum mhòr ann a sheo fiù 's athaobh na sgoile fhèin...na thàinig dhachaigh ann a sheo chun an iasgaich. Thàinig Alasdair fhèin dhachaigh 's thàinig Eòghainn dhachaigh...agus uill a' chlann a bha sin... 's fhada bho bhiodh Sgoil Sgalpaigh dùinte mura b' e gun tàinig a' chlann sin dhachaigh. [...]

*Tha fhios gun do chuir sibh uidhreachd air an iasgach mus do dh'fhalbh sibh a sheòladh agus an uair sin nuair a thill sibh. Robh eadar-dhealachadh mòr ann anns na trì-bliadhn' deug a bha sin?*

Uill, bha barrachd cothrom agaibh...an uair sin cha robh ann ach an drioft fhèin ach leis na bàtaichean ud dh'fhaodadh tu rud sam bith a chur ann...*trawl* no *scallops* no...

*Bha iad freagarrach airson rud sam bith?*

Rud sam bith. Bha iasgach math ann aig an àm.

[...]

Nuair a lìonadh tu bàta làn sgadain bha thu a' dèanamh air Ulapul...bha 'd *even* air a' *wireless* a' bruidhinn ri chèile.

*Chluinneadh tu na h-eathraichean eile?*

Bhiodh iad a' gabhail òrain. Bha siud mar gum biodh banais. [...] Dh'fhalbhadh tu aig dà reug 's bhiodh dithis an-còmhnaidh ann an taigh na cuibhle gum fruigeadh i...bhiodh iad a' bruidhinn ri chèile 's a' spòrs ri chèile 's a' gabhail òrain. Chan fhairicheadh tu an tìde a' dol seachad. Bha fadachd ort gun tigeadh madainn Diluain gum faigheadh tu mach.

*Dè cho fada mach 's a bha sibh a' dol?*

O bha a' fruigheachd suas gu *Kinlochbervie* 's Ceann Bharraigh...

*Dè cho fada deas 's a bhiodh sibh a' dol?*

O Ceann Bharraigh agus sìos gu Malaig 's an taobh sin. Dheidheadh iad far an robh an sgadan...bha iad a' leantainn an sgadain. Ach Sgalpaigh an-diugh, chan eil òigrìdh ann. [...]

*Ciamar a bhiodh sibh a' cur seachad an latha air bòrd an eathair?*

Uill, bha thu a' cadal tron latha agus 's ann air an oidhche a bha thu ag obair.

*'S bha sibh a' falbh fad na seachdain an robh?*

Bha e depeandadh cà robh thu ag obair. Ma bha thu ag obair shìos ann an Uibhist no Barraigh bha thu air falbh fad na seachdain.

*An robh sibh a' falbh tràth madainn Diluain?*

Uill bha e a' depeandadh cà cluinneadh tu a bha an sgadan. Sìos Loch nam Madadh 's an taobh sin dh'fheumadh tu falbh rudeigin tràth. Tha mi a' smaoinichadh nuair a dh'fhalbh an sgadan, dh'fhalbh Sgalpaigh còmhla ris. 'S chan e a-mhàin Uibhist ach Èirisgeidh cuideachd. Bha an sgadan air an aire aca fad an t-siubhal fhios agad. Bha Leòdhas *different*...'S e an *trawl* a bh' aca sin mar bu trice.

*Cha robh ringnet aca?*

'S dòcha gun robh tè no dhà, ach bha Sgalpaigh 's Èirisgeidh bha 'd glè coltach ri chèile a thaobh iasgaich. Bha Na Hearadh cuideachd...Plocropol 's àiteachan mar sin.

*Agus 's ann air an oidhche a bha sibh ag iasgach an sgadain?*

'S ann. Chunnaic mi a bhith ga fhaighinn tron latha cuideachd ach mar bu trice 's ann a' falbh air an oidhche a bha thu. [...]

*Ciamar a bha thu a' faicinn far an robh an sgadan?*

Chitheadh tu air an *souder* e. Uill, an toiseach 's e luaidh a bh' aca agus ueir agus bha 'd ga leigeil sìos, a' slaodadh ris an eathar gus am fairicheadh tu an sgadan a' bualadh ann. Dh'fhairicheadh tu *tap, tap*. Bha thu ag èigheach ris an sgiobair. Dh'fhairicheadh tu air a siud e, bh' e cho trom fhios agad. Bha feadhainn ann na b'fheàrr na feadhainn eile air fhaireachdainn ach nam fairicheadh tu siud bha rud math shìos.

*Am faiceadh sibh ma bha faoilleagan timcheall cuideachd?*

O aidh, agus an sùlaire. Bha sin na mharc cho math ri càil a bh' ann. Tha cuimhn' 'am an seo agus bha bodach shìos ri taobh a' bhalaich agam ann a sheo agus 's ann aig an sgadan a bh' e riamh. Thuir e ri mo mhac aon latha "Cuiribh air cùl an eilein ann a sheo – tha sgadan ann." Chaidh sinn a-mach agus chuir sinn ann agus chan fhaca sinn aon chàil fhèin. Ach chunnaic sinn aon fhaoilleag ann agus chuir sinn co-dhiù agus thug sinn fichead crann às an làirne-mhàireach. Fichead crann. Bha fios aigesan gun robh sgadan ann. Feumaidh gun robh e a' watchadh nam faoilleagan. [...]

*'S e iasgach math a bha sin...fichead crann.*

Bha e eagalach inntinneach. Bha 's na *clams* fhèin.

*Bha sibh aig na clams cuideachd?*

'S ann air na *clams* a bha sinne mu dheireadh...cha do rinn sinn ach an t-eathar a chreic an t-seachdain seo.

*Dè an t-ainm a bh'oirre sin?*

*A Hopeful.*

*Bha Village Maid agaibh an toiseach agus an uair sin a' Hopeful?*

Bha.

*Dè mheudachd a bha sa Hopeful?*

36...uill *overall* bha 38 innte. Bha e a' còrdadh riumsa oir bha thu a' tarraing a h-uile uair a thìde. Cha robh cus againne riamh mun *trawl*...mu na *prawns*...Mar a bha siud bha thu a' tarraing a h-uile uair a thìde 's bha thu a' coimhead airson rudeigin a h-uile uair a thìde. Chan fhairicheadh tu mionaid e. Aig a' *phrawn* ann a shiud 's dòcha

gum faigheadh tu fichead clach 's bha thu ann a shiud a' toirt nan cinn às an amhaich aca. Tha e a' depeandadh dè tha thu air do chleachdadh ris. [...]

*Ciamar a bha a' bhliadhna a' dol?*

Gheibheadh tu sgadan as t-samhradh cuideachd a-muigh air na bancannan...ach 's ann as a' gheamhradh mar bu trice a bha an sgadan a' falbh às na lochan.

*Cuin a bha an sgadan a' toiseachadh matha?*

Bhiodh iad a' tòiseachadh air an drift ann a sheo ann am *May* [...] Tha gnothaichean air atharrachadh an-diugh. [...] An uair ud cha robh ann ach an drift gun do thòisich an *ringnet* agus an uair sin cha robh ann ach am *midwater*. An uair sin am *purse* ach cha robh *purse* ann a sheo riamh. Cha b' fheàrrde an t-àite ann a sheo riamh e saoilidh mise.

*Bha siud na bu mhotha buileach na an ringnet?*

Bha siud mar *football pitch*.

*An ann a-muigh domhainn a tha sin ag obair?*

O 's ann. Tha doimhne mhòr a sin. 'S e th' aca an-diugh ach '*tonnies*'. Chan eil iad a' coimhead air crann no basgaidean. Chan ann air '*daily bread*' a tha 'd a' coimhead an-diugh ann ach a' dèanamh d'fhortan agus '*get out*'. Sin an *attitude* a th' aca an-diugh.

*Tha 'd airson an t-airgead a dhèanamh ann an cabhaig.*

Ann an cabhaig. Uill, tha tòrr *expense* ann an-diugh...ola 's a h-uile càil. [...]

Ach an troip ud a fhuair sinne £86 *a box* air...chaidh mise suas agus bha bodach...seann iasgair bha e còmhla rinn...agus chaidh mise suas agus thug mi dhà an *envelope*. Dh'fhalbh e leis an *envelope* suas dhan a' rùm. Thuirt mise mu dheireadh "Cha chreid mi gu bheil Fionnlagh gu math...chan eil e a' tilleadh idir." Chaidh ise suas agus bh' e air an t-airgead a chur air uachdar na leapa air fad 's thuirt e rithe fhèin "Chan eil mi smaoinichadh gu bheil an duine ud glic!" Fhios agad leis na fhuair e. Agus bh' e ag ràdh nuair a thàinig e nuas gun d'fhuair e barrachd anns na còig crainn a bha sin 's a bhiodh e faighinn anns na h-eathraichean uaireannan ann am bliadhna. Ann an sèasan matha. [...]

*Cuin a bha sin ann? Dè a' bhliadhna?*

O còrr is fichead bliadhna air ais. Chan eil cuimhn' 'am dè an *date*.

*Agus sin prìs cho math 's a fhuair sibh riamh air?*

O 'se. O bha prìs mhath air fad an t-siubhal. 'S ann a Steòrnabhagh a bha sinn ga reic ris na càidsearan. [...] Sgadan...*deagh shize*...bha druim air. [...] Ach saoilidh mi gur



e iasgach a' ghiomaich a b' fheàrr a bha a' còrdadh riumsa air fad. Bha e inntinneach an giomach.

*An robh cosnadh cho math sa ghiomach 's a bha san sgadan?*

O bha cosnadh math anns a' ghiomach. Cha robh an *expense* ort a th' aig an iasgach eile. Seachd àraid nuair a bha iad ga stòbhadh sa charaidh a bha siud. Bha thu a' dùblachadh d'airgead uaireannan.

[...]

*Dè na cur-seachdan a bh' agaibh air bòrd? Bha sibh a' bruidhinn air òrain 's rudan dhan t-seòrsa sin.*

Uill nan tigeadh droch latha 's tu air falbh on taigh 's dòcha gum biodh tu ann am bàgh air choireigin air acaire. Bha thu an uair ud a' falbh bho eathar gu eathar. 'S dòcha gum biodh ceithir no còig a dh'eathraichean ceangailte ri chèile 's bhiodh iad a' falbh bho eathar gu eathar ag innse *yarns*. [...] O 's iomadh spòrs a gheibheadh tu.

*Bha geasachdan, superstitions aca cuideachd uaireigin a thaobh an iasgaich?*

O bha. Bha uaireigin a seo cha deidheadh tu seachad air cailleach air an rathad idir. Nam faiceadh tu cailleach bha thu a' dol pìos mòr timcheall oirre 'son nach bruidhneadh i riut.

*Agus 's e droch luck a bha sin?*

O 's e. Agus ministearan. Cha robh iad a' creidsinn ann am ministear tighinn a ghaoth eathair ann a sheo idir. Cha robh. Bha seo fhèin gu math...Chan eil càil a chuimhn' agams' air ach chuala mi iad a' bruidhinn air. Bha tè...tha mi smaoineachadh gur ann san Eilean Sgìtheanach a bha i 's cha robh i a' faighinn sgadan idir agus [...] bha 'd a' lasadh clobhta air bioran 's bha 'd a' dol timcheall an eathair air fad a' tapadh a' bheul aice. Bha rann air choireigin aca a bhiodh iad a' ràdh. Bhiodh iad a' tapadh an eathair *right round* agus nuair a thilleadh iad air ais a-rithist bhiodh iad ga chath a-mach. Chaidh iad a-mach an oidhche sin agus lìon iad an t-eathar le sgadan.

*Agus an e faighinn cuibhteas spiorad no dè?*

Feumaidh gur e. Bha leithid a rud ann ris an droch shùil cuideachd fhios agad.

*Agus an e cailleachan sònraichte no cailleach sam bith a dh'fheumadh tu a sheachnadh.*

Bha feadhainn aca *noted!*

*Agus ciamar a bha 'd a' faighinn ainm mar sin? An e gun robh an dàrna sealladh aca no dè?*

Feumaidh gur e. Sin a tha iad a' cumail a-mach co-dhiù.

An robh dathan ann a bha'd airson a sheachnadh cuideachd?

O bha. Agus nan ainmicheadh tu 'breac' no 'fiadh' chathadh iad a-mach air a' mhuir thu. O chathadh. Na ainmich sin ann an eathar sgadain...fiadh no breac.

*An robh beathaichean sam bith eile ann?*

Uill, bha iad siud *noted* co-dhiù.

*Saoil carson?*

O chan eil fhios 'am.

*Bha Coinneach ag innse dhomh mu na maidseachan cuideachd.*

Na *Swan Vestas*? O bha. Chan fhuilingeadh iad sin.

*Feumaidh nach robh an eala fortanach?*

O cha robh. An eala gheal. O bha tòrr dhan a sin a' dol.

*Agus na stocainnean crotail, cha robh iad airson sin?*

O cha robh – *no use*.

*Rudan uaine cuideachd?*

O cha robh iad airson frocannan uaine idir. Tha cuimhn' agamsa nuair a thàinig mi dhachaigh leis an eathar ud 's ann air a peantadh uaine a bha i agus bha Fionnlagh anns a' chnoc ann a shiud [...] agus chuala mi e ag èigheach "O thoir dhith an dath tha sin!" Ha ha!

*Saoil carson uaine?*

O chan eil fhios 'am. Rud a ghabhas iad nan ceann.

*Ach tha fhios gun robh òrain 's rudan a' dol air na h-eathraichean cuideachd.*

O bha. Tha tòrr de dh'òrain a seo nach cuala fhios agad...agus 's e call a th' ann cuideachd. [...] Chaidh tòrr a dh'òrain a dhèanamh ann a sheo nach cuala mise guth riamh orra tuilleadh. Bhithinn a' cluinntinn mo mhàthair...Uill fhuair mise teip...thàinig mi dhachaigh ann a sheo air *holidays* troip agus chaidh mi timcheall nan seann daoine ann a sheo agus fhuair mi teip agus bh' e dìreach *out of this world*. Dh'fhalbh mi Ghlaschu agus chaidh mi gu banais agus thuirt iad rium an teip a thoirt leam agus thug mi leam an *recorder* 's a h-uile càil riamh. 'S e *Morris Traveller* a bh' agam [...] Thill mi 's cha robh sgeul air an *tape recorder*. Bhris iad a-staigh ann. Sgrìobh mi dhan a' *Daily Record* 's nan cuireadh iad thugam an teip gum faodadh iad an *tape recorder* a chumail ach cha chuala mi guth riamh.

*Cha chuala. Bha sin tàmailteach.*

O bha 'd math cuideachd. [...]

*Am bi sibh fhèin a' seinn?*

O gu dearbh chan eil! Chan eil duine againne a sheinneas.

*Matha tha na Sgalpaich math air seinn.*

O tha. [...]

*Cuin a bha an t-iasgach aig àirde ann an Sgalpaigh?*

O siud agad e...anns na *seventies*. A h-uile h-oidhche bhiodh na h-eathraichean làn. Ceud crann...dà cheud crann...Chan fhaca tu riamh càil cho brèagha ri *ring* mhòr sgadain...na *silver darlings*. Bh' e dìreach...Chluinneadh tu iad ag èigheach san Eilean Sgìtheanach tha mi creidsinn nam biodh tu shuas aig a' bhanca a deas. O...

*Tha na làithean sin air falbh.*

Fhios agad chan eil...ged a bhiodh tu a-muigh a-siud fad an latha cha chluinn thu duine a' bruidhinn mun a' *wireless*. Tha 'd a' bruidhinn ri chèile air a' fòn. Tha sin air falbh. Tha *mobile phone handy* ann an iomadach dòigh ach ann an dòighean eile chan eil.

*Ach tha a' VHF a' dol fhathast?*

O feumaidh e bhith orra. [...]

*Saoil carson a dh'atharraich an t-iasgach matha? Dè dh'adhbhraich sin?*

Uill, 's e cho gann 's a dh'fhàs an sgadan. Chan eil iad a' faighinn aon sgadan ann a sheo an-dràsta...*not one*. Tha 'd a' faighinn beagan air taobh siar Leòdhais leis na *darrows*...lìonaidh iad basgaid. 'S chan eil giomach ann ach glè bheag.

*Dè as coireach saoil?*

Sealbh tha brath. Bidh iad a' cur a' choire air a siud 's air a seo.

*Dè tha sibh fhèin a' smaoineachadh?*

Gun deach cur às dha. Tha sin ann cinnteach. [...]

*Tha fhios gun robh buaidh aig a sin aig a' choimhearsnachd, nuair a dh'atharraich an t-iasgach?*

O bha. Tha sin cinnteach. Chan fheum thu uiread anns na h-eathraichean an-diugh...dithis is trìuir. Chan eil daoine ann co-dhiù. Bha sinne mu dheireadh ann a sheo, chan fhaigheadh tu duine a dheidheadh a-mach nad àite. Bha thu dìreach ceangailte suas. [...]

Saoilidh mi gun robh gleidheadh air na h-iasgairean a bha timcheall ann a sheo...gu h-àraid an fheadhainn a bha ag obair air an ringnet. Mar a bha na Amhaich 's na h-Èirisgich...nam faiceadh tu fhèin na còrnairean dham biodh iad a' dol leis na h-eathraichean. Cha robh ràdar 's cha robh artaigil aca. A' falbh ann a shiud am measg nan creagan. [...]

*An deach feadhainn anns an rathad riamh ann a sheo leis an iasgach?*

Cha deach aig an iasgach. [...] Bha 'd eòlach agus dh'fheumadh iad sin.

*Dh'fheumadh iad a bhith eòlach air na sgeirean 's mar sin?*

Dh'fheumadh. Agus bha sùilean aca. Mar a tha an-diugh tha na h-eathraichean làn de sholais is mar sin agus tha taigh na cuibhle fhèin làn *computers* is solais...ach an uair ud bha dìreach...dh'fheumadh na solais a bha sna h-eathraichean fhèin a bhith *dim* 's chitheadh tu na b'fheàrr. Ach bha fradharc aca. [...]

*Ciamar a bha sibh ag ionnsachadh mu na sgeirean?*

O *local knowledge*. Chan eil càil ann coltach ris.

*Nas fheàrr na ràdar sam bith.*

Chan e nach eil rudan aca an-diugh...thèid iad a dh'àite sam bith. *Even* na creagan beaga a th'anns a' chladach, th' e agad mu do choinneamh. Ach 's e a' ghnòthaich nam briseadh sin sìos cà biodh tu. [...] Uaireigin bha do chùrs agad bho sholas gu solas. Tha mi creidsinn an-diugh nam falbhadh na rudan a th' aca ann an taigh na cuibhle nach eil cuimhn' aig duine air na cùrsaichean a bh' aca.

[...]

*Bha 'd cuideachd a' gabhail an leabhair air bòrd nach robh?*

O bha...a h-uile h-oidhche. Gu math tric cuideachd nam biodh a dhà no trì dha na h-eathraichean còmhla ri chèile bhiodh iad a' dol dhan aon eathar feadhainn aca...'s a' seinn. Chluinneadh tu na h-eathraichean a' seinn.

*Bhiodh sin brèagha a chluinntinn.*

O bha. Bha e brèagha buileach ann an còrnair beag a-staigh.

*Saoil ciamar a bhios an t-iasgach ann an Sgalpaigh bho seo a-mach bheil sibh a' smaoinichadh?*

Uill, ma leanas an t-iasgach ann an Sgalpaigh mar a tha e cha bhi duine ann a thèid a-mach le eathar ann. An fheadhainn òga a tha ag èirigh suas chan eil *interest* aca ann. Chan iomair iad an-diugh a bhròinein. Feumaidh an *outboard* a bhith aca ged nach deidheadh iad ach trì faid an eathair.

Bha punt beag aig m'athair fon taigh ann a sheo agus sin am *play-pen* a bh' agamsa! Bha sinn a' cur seachad ar saoghal innte. Cha robh uallach sam bith orra gun tachradh càil. Bhiomaide a' falbh leis a' gheòla 's a' dol a-mach faisg air an taigh sholais...dithis, triùir 's ceathrar againn 's cha robh sinn càil ach air a dhol dhan an sgoil. [...]

*Co mheud eathar a tha ag iasgach a-mach à Sgalpaigh an-diugh?*

Uill, tha seachd no ochd de dh'eathraichean beaga ann. Sin an aon tè a th' air fhàgail dhan a' chlas sin...am *Majestic* [at jetty below house]. Sin an aon tè a th' air fhàgail ann an Sgalpaigh bhon a dh'fhalbh an tè againn fhèin. Ach chan eil càil a dh'fhios dè dh'fhaodadh tighinn fhathast. Cha dèan math dhuinn coimhead air an taobh dhorcha fad an t-siubhail.

*Uill, tha sin ann cuideachd. Ach tha cùisean ag atharrachadh.*

O tha. Far nach bi an òigridh tha e *going down* co-dhiù.

*Bha sibh a' bruidhinn air na sgeirean. Dè na sgeirean a tha timcheall ann a sheo? Dè na h-ainmeannan a th' orra?*

'S e Sgeir a' Chatha a th' againn air a sin thall...Sgeirean Raitheam...tha sin a-mach nuair a tha thu a' falbh às an acarsaid ann a sheo...sgeir MhicCuinn...tha 'd air an ainmeachadh fhios agad....sgeir a' Bhràghaidh Mhòir...Bogha na Caillich 's Bogha Bocaig 's Bogha Lag na ??, Bogha Catriona 's Bogha ?? Caolais...tha na marcan agamsa air a sin air fad...a h-uile gin dha na marcan. Far am biomaid ag iasgach airson nan liughannan...'s ann ag obair air marcan tire a bha thu an uair sin fad an t-siubhail.

*An robh sin a' ciallachadh gun robh sibh a' gabhail beachd air tìr?*

Sin mar a bha thu a' lorg nam boghannan fhios agad a-muigh...pìos far a' chladaich.

*Dè th' anns na boghannan?*

Sgeirean fon a' mhuir. [...]

*Bha ainm air na boghannan agus na sgeirean?*

A h-uile gin aca bha ainm orra.

*Bha sibh a' cluinntinn sin bho na ginealaichean a bh' ann roimhe?*

Bhìomaide a' falbh ann a sheo...cha mhòr nach biodh i a' fàs dorcha 's bha sinn ag obair ann a sheo agus...bha marcan againn air solas Sgalpaigh... 's dòcha gum biodh i dubh dorcha agus 's ann an uair sin a b'fheàrr a bhiodh iad a' faighinn...nuair a bhiodh iad a' lasadh solas Sgalpaigh. 'S dòcha gum biodh e dà reug mun tigeamaid dhachaigh.

*Bha fios agaibh far an robh a h-uile bogha 's a h-uile sgeir?*

Cha robh *sounder* no càil agad ach dh'fhairicheadh tu an *darrow* a' dol an sàs.

*Bha 'd uaireigin a' coimhead air na rionnagan 's a' ghealach 's na rudan sin cuideachd nach robh?*

Bhiodh. Bhiodh iad a' coimhead air a' ghealaich.

*Ach tha mi creidsinn gur ann na b'fhaide a-muigh, a' seòladh. Chan fheumadh iad a bhith a' coimhead air na rudan sin ris a' chladach?*

Chan fheumadh, ris a' chladach.

Th' e iongantach far an deach an cùdaige fhèin 's an smalag ...dh'falbh an t-iasg air fad an-seo. Chan eil càil ann.

*Tha 'd ag ràdh cuideachd gu bheil a' mhuir a' fàs nas blàithe?*

Tha 'd a' ràdh sin, gu bheil e nas blàithe am-bliadhna na bha e o chionn fhada. Chan fheàrrde gnothaichean sin cuideachd.

[...]

*Dè na h-eathraichean a bh'ann an Sgalpaigh matha ri ur cuimhne?*

*White Rose, Golden Rule, am Britannia, an Agate, Try Again, Choice, Golden Eagle, Venture, Bright Reward, Jasper, Virgin, Industry...*an t-uamhas. Airson na bh' ann de dh'eathraichean beaga...

*An robh ainmeannan Gàidhlig air mòran dhiubh?*

Feadhainn aca [...] ach an-còmhnaidh 's e ainm boireannaich a bh' aca...ach bha 'd a' leantainn an aon ainm fad an t-siubhail fhios agad? Bha gu leòr nach robh a' creidsinn a bhith a' sioftadh ainm eathair idir...gun robh *bad luck* ann a bhith a' sioftadh ainm eathair...Nam faigheadh tu eathar dhachaigh, gun cumadh tu e fhios agad. [...]

*Bheil a' chuid as motha a' dèanamh sin fhathast?*

Och chan eil iad a' coimhead air rud sam bith an-diugh!

*Cà deach an t-eathar a reic sibh?*

Tha i siud ann am Malaig fhathast. Tha i an aon rud 's an latha a chaidh a togail. Bha seachd còtaichean *varnish* a' dol air an eathar ud nuair a fhuair sinne i a-h-uile bliadhna.

*Airson a dèanamh dìonach?*

Uill, airson a cumail ...Cha chuireadh tu aon chòta an-diugh orra leis an t-sìde a th' ann.

*Bha tòrr obair ann a shin?*

Bha thu a' cur a' chiad chòta [...] Bha thu an toiseach ga shandadh sìos agus a' cur *turps* ann, ga dhèanamh tana, tana, agus bha sibh ag *addaigeadh* ris gus an deidheadh an dà chòta mu dheireadh oirre gun càil ach *varnish* fhèin. Bha thu a' sandadh sìos a h-uile còta gus an tigeadh tu gu na dhà mu dheireadh. Bha sin am broinn aice 's a h-uile h-àite a bh' ann. [...]

*Tha 'd brèagha leis a' varnish.*

O bha eathraichean an seo an uair ud...chan fhaiceadh tu an leithid am bad sam bith.

*Dè an ùine a bhiodh i air tìr a' dèanamh sin?*

O bhiodh dreis mhath. [...] Seachdainean...bhiodh suas ri mìos tha mi creidsinn.

*Dè an t-àm dhan bhliadhna?*

O as t-samhradh. Bha samhraidhean ann an uair sin. Gheibheadh tu teas agus dh'fheumadh tu sin.

*Cà biodh sibh a' dèanamh sin?*

A-staigh aig na cidheachan seo fhèin. Ach 's e sin fhèin a fhuair na cidheachan a dhèanamh ann a shin. Tha 'd *handy* airson nan eathraichean. Bha cidhe eile fon taigh-sgoile agus 's ann ann a shin a bha 'd a' toirt nan eathraichean mòra.

*Dè am fiodh a bh'annta?*

'S e larag is darach as motha a bha san fheadhainn ud. Bha na h-eathraichean ud aca air an cumail mar yachtaichean. Bha 'd furasta an cumail.

[...]

*An do ghabh sibh fhèin eagal riamh ag muir?*

Cha chanainn eagal idir. Cha dèanadh e feum dhut eagal a ghabhail.

*Cha dèanadh! An tàinig droch ghèile ort riamh?*

O 's iomadh gèile sin. Tha thu air do thogail ris an seo, cha shaoil thu càil dheth [...]

*Ann an gèile an e dìreach an t-acaire a chur sìos?*

Uill, dh'fheumadh tu àite fhaighinn anns an cuireadh tu sìos an t-acaire an toiseach, far am faigheadh tu fàsadh air choireigin. 'S iomadh droch oidhche a chaidh sinne seachad ann a sheo le eathar làn sgadain a dh'Ulapul. Bha mise air aon tè...an *Joanne...*'s e sia òirlich a bha os cionn na mara dhi nuair a bha i làn sgadan. [...] Cha shaoileadh tu càil dheth. Ach 's e eathraichean matha a bh' annta...eathraichean tapaidh.

*An deacha sibh riamh air sgeir?*

O 's iomadh sgeir sin air an robh sinn! Ha ha! O bha 'd uaireigin ann a sheo aig an ringnet, bhiodh iad a' dol air sgeirean 's cha bhiodh iad a' smaoinichadh càil dheth.

*Ach tha e iongantach nach deach daoine anns an rathad leis na bh' ann [de dh'iasgach].*

Tha. Uill, chaidh balach anns an rathad ann a sheo ach 's e bualadh a rinn iad anns a' gheola.

*Och 's e. Bha sin duilich.*

Bha e duilich. Nise, chaidh feadhainn anns an rathad cuideachd, bha 'd càirdeach dhuinne, ach 's fhada 's fhada bhon uair sin. Chaidh bràithrean anns an rathad. Saoilidh mi gur ann robh fhaisg air a' bhogha a chaidh iad. Dh'fheumadh iad an uair sin a bhith a' baiteadh...chaidh e ro fhaisg air an sgeir leatha 's chaidh i thairis. Chaidh iad sin anns an rathad ach 's fhada 's fhada bhon uair sin.

*Chaidh laoidh a dhèanamh nach deacha?*

Chaidh. Chuala mi aig d'athair i ga gabhail.

*Bha siud inntineach dha-rìreabh. Dh'fhaodamaid a bhith a' bruidhinn fad na h-oidhche mun iasgach. Tha e math na naidheachdan sin fhaighinn 's an gleidheadh.*

Nach eil. Seall a-nise am pond a tha shìos ann a shiud...'s e iad fhèin a rinn i.

*Cò bha sin?*

Na balaich ud a bha mi ag innse dhut...'s e iad fhèin a rinn air fad i agus bha *engineeradh* air a sin a bha dìreach...bha am muir a' dol timcheall air an eilean agus dh'fheumadh iad an t-uisge a chumail...agus dh'fheumadh iad obrachadh a-mach...nuair a dh'fhalbhadh a'mhuir far na caradh...dh'fheumadh iad obrachadh a-mach dè na dh'fheumadh iad de dh'uisge fhàgail innte. O dh'obraich iad a-mach e agus 's e glè bheag de ghiomaich a bha a' bàsachadh. Bha an t-uisge a' *circleadh* fad an t-siubhail.

*An e seo Àrd na Cille?*



Aidh. [...] Sin a-nis am *pond* ann a shin [shows photo]. Tha e eadar dà eilean. Tha an t-uisge a' tighinn innte agus a' falbh aiste. Dh'fheumadh *so much* uisge a bhith innte...nam biodh dà cheud dusan agad innte dh'fheumadh iad *so much* de dh'ocsaidean fhaighinn fhios agad. Bh' e air obrachadh a-mach aca dìreach.

*Agus bha an làn a' tighinn a-steach?*

Bha. Bha i air a togail ...tha mi smaoinichadh gun robh deich troighean de leud sa *bhottom* aice le clachan agus chaidh sin a thogail an àird gum biodh e ceithir troighean os cionn an làin a bu mhotha a bh'innte fhios agad. Bha an làn ga coveraigeadh 's bha lion oirre.

*Bha lion oirre 'son nach falbhadh na giomaich?*

O aidh. Nam biodh toll beag ann a shin lorgadh iad e ann an *no time*.

*Dè an stuth a th' anns an làn?*

*Galvanised*...dìreach an rud a th' air feansaichean ach dh'fheumadh e bhith *galvanised*. Ach 's e an rud...nuair a bha thu gan togail, dh'fheumadh tu an *tide* a watcheadh. Dh'fheumadh tu dhol sìos 's breith orra airson an togail às...

*'S ann dìreach nuair a bha an làn a' dol a-mach?*

O dh'fheumadh an *tide* a bhith a-mach cho fad 's a dheidheadh i. Bhiodh iad gan togail 's dòcha seachdain ron àm 's gan cur ann am bogsaichean a-muigh's bhiodh iad an uair sin deiseil aca...gan cur air falbh.

*Dè cho domhain 's a bhiodh am pond fhèin?*

Bhiodh seachd no ochd a throighean a dh'airde innte na broinn.

*Ciamar a bha sibh a' glacadh nan giomach?*

Dìreach a' breith air chùl amhach orra. Dh'fheumadh tu watcheadh cuideach nach breitheadh iad ort!

*Tha fhios gun robh e doirbh matha, ma bha e cho domhain sin, greim fhaighinn orra.*

O bha thu a' dol fodha. Nam faiceadh tu fear bha thu a' dèanamh *dive* air. Nam biodh na *wetsuits* air a bhith ann an uair ud bha 'd air a bhith *alright* ach cha robh sin ann an uair sin.

*Tha fhios gun robh sin fuar?*

As a' gheamhradh bha crith air do chridhe!

*Agus dìreach le oillsglin?*

Oillsghlin 's e.

*Bheireadh sibh dreis cuideachd a' breith orra mar sin?*

O bheireadh tu dreiseag. 'S dòcha gum biodh dithis shìos.

*Dè an uair sin? An robh containers agaibh?*

O basgaid 's bha thu an uair sin gan cur ann am bogsa 's gam fàgail a-muigh air acaire ann a shin.

*'S mhaireadh iad beò dreis?*

O mhaireadh. Tha 'd a' bruidhinn air a bhith a' *harvestadh* trosg. Tha cuimhn' agamsa ...troip a bhith innte agus chuala mi *splash* garbh air mo chùlaibh. Ghabh mi eagal...bha dùil agam gun do thuit cuideigin a-mach...bha mi dìreach *puzzled* dè bh' ann. Dreiseag as dèidh sin a-rithist thachair an aon rud 's thuirt mi rium fhèin "Tha rudeigin a seo." 'S thòisich mi a' coimhead 's bha trosg innte 's e an uiread sin air fàs. Bh' e *feedadh* air an rud a bha sinne a' *feedadh* nan giomach air...'s e cudaigean a bh' ann. [...] Feumaidh gun robh an trosg a' dol innte na rud beag agus a' fàs.

*'S e cudaigean a bha sibh a' cur a-steach thuca?*

Cudaige, aidh. Bhiomaid a' dol sìos le tàmh agus a' lionadh a' phoca 's bha thu an uair sin gan cur air feadh na caradh air fad.

*Bha 'd marbh?*

O bha. Spot a chuireadh tu a' chiad fhear air uachdar na mara chitheadh tu na spògan aca a' tòiseachadh. Dh'fhanadh tu fad an latha gan coimhead.

*Dè cho tric 's a dh'fheumadh sibh poca a chur a-steach thuca?*

O co-dhiù dà uair san t-seachdain. A' *dependadh* dè bh' agad innte.

Bha sinn a' cur sìos clèibh uaireannan 'son sàbhaladh a bhith a' breith orra. [...] Chunna mi anns na h-Eileanan sia-deug a ghiomaich anns an aona chliabh. Aidh, bha clèibh mhòr fhada ann...tha mi creidsinn gun robh sia troighean a dh'fhaid annta agus bha 'd a' cur mar gum biodh cidsin annta. Bha dà osan a' dol dhan chliabh fhèin agus bha osan eile a' dol a-staigh dhan a' chidsin agus sin far an robh an giomach a' dol. Bha e a' lorg àite airson a dhol a-mach...'s ann a bha e a' dol dhan a' chidsin...'s cha robh osan a-mach às a' chidsin ann. Ach chan eil fhios 'am an e rud math a bh' ann. Tha gu leòr ag ràdh nach b' fheàrrde an giomach idir e...mar a bh' e aon uair thogadh tu an cliabh agus 's dòcha gum cuireadh tu an làirne mhàireach e agus gum biodh giomach ann agus bhiodh tu toilichte gu leòr agus dh'fhalbhadh tu 's chuireadh tu a bhadeigin eile e. 'S dòcha gum fàgadh tu a dhà no trì as do dheidh. Ach nan cuireadh tu am *parlour* 's dòcha gum biodh e ann *weekend* no làithean 's dòcha gum faigheadh tu còig no sia a ghiomaich ann. Bha thu a' glanadh a' chàrn anns an robh iad agus bha 'd a' cumail a-mach nach tigeadh an giomach air ais ann cho luath.

[...]

*A bheil an còrr làraich no càil ann a chì na h-archaeologists ach na caraidhean?*

Chan eil. Ach na cidheachan.

*Cuin a chaidh seo a thogail shìos ann a sheo, bheil beachd agaibh?*

Bidh suas ri fichead bliadhna tha mi creidsinn.

*Dè chanas sibh ris a seo?*

O dìreach *jetty*. Tha i seo *handy*. Fhios agad gheibh thu ann a shin le làn conntraig. 'S e an aon àite ann an Sgalpaigh 's am faigh thu ann le conntraig. Tha i sin nas doimhne. Tha an tè tha thall nas taine na an tè sin. Ach 's e àite feumail tha sin. Nam biodh càil a' dol a thachairt do dh'eathar gheibheadh tu ann fhios agad.

*Dè chanas iad ris an àite?*

Sin an acarsaid a deas. Raochalan a th' aca air an eilean sin. Sin an Cnoc Dubh mu do choinneamh ann a shin. Agus seo am baile. Tha an acarsaid a tuath air an taobh ud thall.

*Bha 'd a' cleachdadh siud na bu trice an robh?*

O siud agad...chaidh *jetties* a thogail ann a shiud airson nan eathraichean.

*Dè an fheadhainn as sine dha na cidheachan?*

O 's e...bha àite air an taobh thall far a bheil na h-eathraichean 's e Rùbh nam Bàtaichean a bh' ac' air... 's e *curing station* a bha sin uaireigin airson an sgadain. Nise...an sead a tha mu do choinneamh thall ann a shin 's e Lèabag an Eathair a bh' ac' air a sin. Bha 'd a' ciùradh ann uaireigin.

*An e siud an sead ud thall leis a' mhullach mheirigeach?*

'S e. Lèabag an Eathair a bh' ac' air.

*Tha sin aois mhòr a bheil?*

O tha sin...tha cuimhn' agamsa na h-eathraichean a bhith a' *landadh* ann...nuair a bha 'd aig an drioft ach 's e fìor, fìor chuimhne a th' agam air.

*Cuin a bhiodh sin ann? Na forties no mar sin?*

O dìreach. As dèidh a' chogaidh. Tha cuimhn' agam na drioftairean a bhith a' tighinn chun a' chidhe a tha a-muigh. Cha mhòr nach coisicheadh tu a-null gu beul na h-acarsaid leis na bh' ann de dhrioftairean. O bha Sgalpaigh trang an uair sin. Choisicheadh tu às a siud cha mhòr gu far a bheil *jetty* nan iasgairean air eathraichean...leis cho pailt 's a bha 'd.

*Tha mi creidsinn. Dìreach taobh ri taobh.*

Aidh. 'S ann a tha Sgalpaigh air a dhol air ais an àite tighinn air adhart. Bha 'd an uair ud a' ciùradh agus a' *kippereadh* 's bhiodh na *kippers* a' falbh air feadh an t-saoghail. Seall fhèin na bh' ann de bhùithtean ann a sheo uaireigin...bha aon sia no seachd ann. Chan eil ann an-diugh ach aonan 's chan fhada a bhios an tè sin fhèin ann.

*Tha cùisean air atharrachadh gun teagamh.*

O tha cùisean air atharrachadh. Ach siud agad e. Chan eil daoine òga a' pòsadh san àite.

*Uill tapadh leibh gu dearbha airson siud...bha siud inntinneach dha-rìreabh.*

Na cuir sin air a' *wireless* co-dhiù no teichidh mise!

*Tha e sgoinneil. Dh'fhaodadh e a dhol air a' wireless!*

DISK ENDS